

Sònrachadh airson Duais nan Sgrùdaidhean Albannach (SCQF ìre 6)

GJ71 46

An deasachadh seo: An Dùbhlachd 2014 (dreach 1.0)

Faodar an sònrachadh seo amhlachadh gu h-iomlan no gu ìre air adhbharan foghlaim fhad is nach tig prothaid sam bith às an amhlachadh agus, ma thèid amhlachadh gu ìre, gun tèid an tùs aithneachadh. Faodar copaidhean a bharrachd den Aonad seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn ÙTA www.sqa.org.uk.

Faicibh an not mu atharrachaidhean aig deireadh an t-Sònrachaidh seo airson fios mu atharrachaidhean bhon tionndadh roimhe (nuair as iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba 2014

Ro-ràdh

Is e seo an sònrachadh airson *Duais Eòlas na h-Alba* aig SCQF ìre 6.

Tha e a' gabhail a-steach structar na Duaise, mion-fhiosrachadh mu riatanasan measaidh agus stiùireadh air ruigheachd. Gheibhear stiùireadh a bharrachd mu liubhairt agus measadh ann an *Notaichean Taic Duais Eòlas na h-Alba (SCQF ìre 6)*.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha an Sònrachadh Duaise seo air a dheilbh gus a dhèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach sam bith gu ionnsachadh agus measadh. Bu chòir cunntas a ghabhail do fheumalachdan nan tagraichean fa leth nuair a thathar a' taghadh mhodhan measaidh no a' beachdachadh air fianais eile, cunbhalach do ghleidheadh ionracas an teisteanais.

Reusanachadh

Tha a bhith ag ionnsachadh mu Alba – a thaobh a muinntir, cànanan, (mar eisimpleir Albais agus Gàidhlig), comann-sòisealta, cultar, àrainneachd nàdarra no thogte, agus dualchas – a' solarachadh mòran chothroman do luchd-ionnsachaidh gu an sgilean, eòlas agus an tuigse a leasachadh, agus ceanglaichean a dhèanamh tarsainn a' churraicealaim. Tha seo mar thoradh air gu bheil Alba agus a muinntir air cur agus a' leantainn a' cur gu mòr ri mòran diofar raointean den chomann-shòisealta an dà chuid san dùthaich seo fhèin agus thall-thairis. Tha buaidh mhaireannach air a bhith, agus a' leantainn air a bhith aig na tabhartasan sin ann an raointean leithid na saidheanasan, innleadaireachd, litreachas agus cànan, na h-ealain, gnothachas, gnìomhachas agus na meadhanan. Tha comann-sòisealta na h-Alba eadar-mheasgte, a' gabhail ri daoine bho raon fharsaing de chultaran agus chùl-raointean eachdraidheil. Tro às-imrich agus in-imrich, tha muinntir agus cultar na h-Alba air buaidh a thoirt, agus fo bhuidh muinntir agus cultaran bho mhòran dùthchannan eile. Tha àrainneachd fhiosaigeach na h-Alba eadar-mheasgte cuideachd agus a' tarraing luchd-tadhail bho air feadh an t-saoghail.

Tha frèam leathan agus shùbailte aig *Duais Eòlas na h-Alba* aig SCQF ìre 6. Tha seo a' nochdadh an raoin de chuspairean a dh'fhaodar ionnsachadh ann an co-theacs Albannach. Ann an cumantas le Duaisean uile, tha seo a' nochdadh cuideachd luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha e a' tairgsinn sùbailteachd, a' ceadachadh ùine airson ionnsachadh agus meòrachadh, a' cuimseachadh air leasachadh sgilean agus cur an gnìomh ionnsachaidh, agus a' solarachadh cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Adhbhar agus Amasan na Duaise

Is e adhbhar na Duaise seo, cead a thoirt do luchd-ionnsachaidh leud agus doimhneachd a chur ri an cuid eòlais air Alba fhad 's a tha iad a' leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse a tha buntainneach do dhiofar raointean cuspaireil. Tha roghainn de dh'Aonadan ann, bho thaghadh de raointean cuspaireil a dh'fhaodas iad ionnsachadh ann an co-theacs Albannach.

Is e prìomh amasan na Duaise, cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh:

- ◆ sgilean, eòlas agus tuigse a leasachadh anns na raointean cuspaireil a chaidh a thaghadh
- ◆ ceanglaichean eadar-chuspaireil a dhèanamh le bhith ag ionnsachadh nan cuspairean sin ann an co-theacs Albannach
- ◆ leasachadh tuigse ann an doimhneachd air an tabhartas a rinn Alba agus a muinntir, san àm a dh'fhalbh agus/no gu làithreach, agus a' leantainn a' dèanamh anns na raointean sin
- ◆ meòrachadh air àite Alba an taobh a-staigh co-theacs fharsaing na Rìoghachd Aonaichte, na Roinn Eòrpa agus/no a' chòrr den t-saoghal
- ◆ rannsachadh taobh de Eòlas na h-Alba anns a bheil ùidh sònraichte aca
- ◆ leasachadh sgilean planaidh, rannsachaidh, taghaidh agus mion-sgrùdadh fiosrachaidh agus sgilean luachaidh
- ◆ taisbeanadh, fo stiùir neo-òrdughail, an comas air a bhith ag obair gu neo-eisimeileach

Buidhnean-targaid

Bu chòir don Duais seo a bhith buntainneach do raon fharsaing de luchd-ionnsachaidh aig a bheil ùidh ann an ionnsachadh mu dheidhinn Alba, a muinntir agus a dualchas cànanach, sòisealta, cultarach, saidheansail agus/no nàdarra.

Dh'fhaodadh gum faigh daoine òga agus luchd-ionnsachaidh inbheach a tha ag ionnsachadh ann an Alba – ann an sgoiltean, aitreabhan foghlaim adhartach no suidheachaidhean ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd – an Duais seo gu h-àraid inntinneach. Solaraidhidh i cothroman don luchd-ionnsachaidh sin an tuigse agus am faireachdainn don chomann-shòisealta sa bheil iad beò, a leudachadh. Solaraidhidh seo an uair sin, cothroman dhaibh meòrachadh agus togail air am faireachdainn den dearbh-aithne fhèin mar luchd-còmhnaidh na h-Alba agus an t-saoghail fharsaing. Leasaichidh iad cuideachd agus ionnsaichidh iad cur an gnìomh sgilean cudromach, eòlas agus tuigse anns na raointean cuspaireil sa bheil ùidh shònraichte aca.

Inntrigeadh air a mholadh

Tha inntrigeadh an urra ris an ionad. Ach, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh buannachd fhaighinn à sgilean, eòlas agus tuigse a bhith aca a tha buntainneach do na leanas, no a leithid eile:

- ◆ Aonad no Aonadan ann an *Duais Eòlas na h-Alba* aig SCQF ìre 5

Adhartas

Faodaidh an Duais seo no a cuid Aonadan adhartas a sholarachadh do:

- ◆ Measgachadh de Chùrsaichean, Duaisean no Aonadan aig SCQF ìre 7, a rèir nan raointean cuspaireil sònraichte a thathar ag ionnsachadh mar phàirt den Duais
- ◆ Teisteanas Nàiseanta ann an Eòlas Ceilteach aig SCQF ìre 6
- ◆ Duaisean eile, Cùrsaichean no Aonadan aig SCQF ìre 6

Dh'fhaodadh e cuideachd bunait sheasmhach a sholarachadh airson adhartas gu trèanadh no cosnadh ann am measgachadh de roinnean, a' gabhail a-steach seirbheisean ionmhasail, lagh, cùram, turasachd, aoigheachd agus na gnìomhachasan cruthachail, cultarach agus dualchais.

Structar na Duaise

Tha na h-Aonadan uile san Duais seo aig SCQF ìre 6 agus feumaidh luchd-ionnsachaidh iomlan de **cheithir** Aonadan a chrìochnachadh.

Feumaidh luchd-ionnsachaidh uile an Aonad àithnteil *Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas* (SCQF ìre 6) a chrìochnachadh. Crìochnaichidh iad cuideachd trì Aonadan bho co-dhiù **a dhà** de na Buidhnean a leanas:

Buidheann 1	Cànan agus Litreachas
Buidheann 2	Comann-sòisealta agus Àrainneachd
Buidheann 3	Ealain agus Cultar
Buidheann 4	Gnothachas, Gnìomhachas agus Cosnadh

Tha àireamh de raointean cuspaireil an taobh a-staigh gach aon de na buidhnean sin. Chan urrainn do luchd-ionnsachaidh ach **aon** Aonad a thaghadh bho raon cuspaireil fa leth an taobh a-staigh buidhne. Ge 'r bith dè na h-Aonadan a thèid a thaghadh, feumaidh iad a bhith air an liubhairt agus air am measadh ann an co-theacs Albannach. Tha tuilleadh stiùiridh air cleachdadh cho-theacsan Albannach ri fhaighinn anns na Notaichean Taic don Duais seo. Tha mion-fhiosrachadh mu na raointean cuspaireil agus na h-Aonadan an taobh a-staigh gach buidheann ri fhaighinn anns an earrann *Frèam Dhùaisean* gu h-ìosal.

Frèam na Duaise

Aonad Èigneachail

Còd Aonaid	Tìotal an Aonaid	Puingean creideis SCQF	Ìre SCQF
H3YP 46	Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas (SCQF ìre 6)	6	6

Aonadan Roghainneil

Feumaidh luchd-ionnsachaidh trì Aonadan roghnach bho co-dhiù **a dhà** de na buidhnean a leanas, a chrìochnachadh. Feumaidh gach aon de na trì Aonadan a bhith bho raon cuspaireil **eadar-dhealaichte**.

Buidheann 1: Cànan agus Litreachas				
Raon cuspaireil	Còd Aonaid	Tìotal an Aonaid	Puingean creideis SCQF	Ìre SCQF
Beurla (<i>aon Aonad a-mhàin</i>)	H23H 76	Beurla: Anailis agus Luachadh (Àrd-Ìre)*	9	6
	H6NS 76	Beurla: Cruthachadh agus Toradh le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	9	6

Gàidhlig no Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) <i>(aon Aonad a-mhàin)</i>	H27D 76	Gàidhlig: Anailis agus Luachadh (Àrd-Ìre)*	9	6
	H27E 76	Gàidhlig: Cruthachadh agus Toradh (Àrd-Ìre)*	9	6
	H277 76	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Tuigsinn Cànan (Àrd-Ìre)*	9	6
	H278 76	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Cleachdadh Cànan (Àrd-Ìre)*	9	6
	F3CD 12	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): airson Adhbharan Obrach (Àrd-Ìre)*	6	6
Albais <i>(aon Aonad a-mhàin)</i>	H790 46	Albais: Eachdraidh agus Leasachadh (SCQF ìre 6)	6	6
	H791 46	Albais: Tuigsinn agus Conaltradh (SCQF ìre 6)	6	6
Buidheann 2: Comann-sòisealta agus Àrainneachd				
Saidheans Co-churte <i>(aon Aonad a-mhàin)</i>	D316 12	Cleachdadh Fearainn ann an Alba (Àrd-Ìre)	6	6
	D897 12	Eag-eòlas na h-Alba (Àrd-Ìre)	6	6
Saidheans Àrainneachdail <i>(aon Aonad a-mhàin)</i>	H6N7 76	Saidheans Àrainneachdail: Goireasan na Talmhainn le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	6	6
	H6N8 76	Saidheans Àrainneachdail: Seasmhachd le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	6	6
Cruinn-eòlas	H6N9 76	Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	6	6
Geòlas	D8XK 12	Mèinnirean agus Creagan	6	6
Slàinte agus Teicneòlas Bidhe	H6NA 76	Slàinte agus Teicneòlas Bidhe: Cùisean Bidhe Co-aimsireil le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	6	6
Eachdraidh <i>(aon Aonad a-mhàin)</i>	H205 76	Eòlas eachdraidheil: Albannach (Àrd-Ìre)*	6	6
	H299 12	Eachdraidh nan Ceilteach ann an Alba	6	6
Lagh <i>(aon Aonad a-mhàin)</i>	FN4Y 12	Lagh na h-Alba: Ro-ràdh (Àrd-Ìre)	12	6
	FN50 12	Reachdas Dion Luchd-cleachdaidh ann an Alba	6	6
	D32B 12	Frèam Laghail na h-Alba	6	6
Nuadh-eòlas <i>(aon Aonad a-mhàin)</i>	H6NB 76	Nuadh-eòlas: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	6	6
	H23C 76	Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte (Àrd-Ìre)*	6	6
Creideamh, Creideas agus Luachan	H6R2 76	Rannsachadh Creideamh agus Creideas le Co-theacs Albannach (SCQF ìre 6)*	6	6
Sòiseòlas	H6N1 76	Sòiseòlas: Cùisean sòisealta le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	6	6
Feallsanachd	H6N2 76	Feallsanachd: Eòlas agus	6	6

		Teagamh le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)		
Buidheann 3: Ealain agus Cultar				
Meadhanan (<i>aon Aonad a-mhàin</i>)	H6NJ 76	Meadhanan: Mion-sgrùdadh Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	9	6
	H6NK 76	Meadhanan: Cruthachadh Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	9	6
Ealain agus Deilbh (<i>aon Aonad a-mhàin</i>)	H6NL 76	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Cruthachail le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	9	6
	H6NM 76	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Cruthachail le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	9	6
Dannsa	H6MS 76	Dannsa: Sgilean Teicnigeach le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	9	6
Dràma (<i>aon Aonad a-mhàin</i>)	H6NN 76	Sgilean Dràma le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	9	6
	D198 12	Theatar Albannach Co-aimsireil (Àrd-Ìre)	6	6
Ceòl (<i>aon Aonad a-mhàin</i>)	H6NP 76	Ceòl: Sgilean Gnìomhachaidh le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	6	6
	H6NR 76	Ceòl: Sgilean Cruthachaidh le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	6	6
	F7P6 12	Teòiridh na Pioba Ghàidhealaich: A' Phìob Mhòr (Àrd-Ìre)*	6	6
Buidheann 4: Gnothachas, Gnìomhachas agus Cosnadh				
Stiùireadh Gnothachas	H6N3 76	Tuigsinn Gnothachas le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	6	6
Cùram (<i>aon Aonad a-mhàin</i>)	H21C 76	Cùram: Luachan agus Prionnsapalan (Àrd-Ìre)*	6	6
	F1C7 12	Ag Obair ann an Slàinte agus Suidheachaidhean Cùraim Sòisealta (Àrd-Ìre)	6	6
Saidheans Innleadaireachd	H6NT 76	Co-theacsan Innleadaireachd agus Dùbhlain le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)*	6	6
Eaconamas	H236 76	Gnìomhachd Eaconamach na RA (Àrd-Ìre)*	6	6
Siubhal agus Turasachd (<i>aon Aonad a-mhàin</i>)	DM4T 12	Toradh Turasachd na h-Alba: Ròradh (Àrd-Ìre)	6	6
	H1SC 12	Gnìomhachas Dualchais ann an Alba (Àrd-Ìre)	6	6

* **Nota:** tha na h-Aonadan uile air an comharrachadh le (*) ann an rangachd le Aonadan ann an *Duais Eòlas na h-Alba* aig SCQF ìre 5. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu rangachdan ann an Notaichean Taic *Duais Eòlas na h-Alba* (SCQF ìre 6).

Measadh

Bidh nàdar a' mheasaidh a rèir a' chothlamaidh de dh'Aonadan a tha air an taghadh bho fhrèam na Duaise. Bu chòir do mheasadh cothrom a sholarachadh do luchd-ionnsachaidh fianais air coileanadh a ghineadh airson nam Builean agus Slatan-tomhais Measaidh mu choinneamh gach Aonaid a chaidh a thaghadh.

Feumaidh luchd-ionnsachaidh uile cothrom fhaotainn air fianais a ghineadh airson Builean agus Slatan-tomhais Measaidh don Aonad àithnteil *Eòlas na h-Alba: Ag Alba ann am Fòcas (SCQF ìre 6)*.

Faodar fianais a thaisbeanadh ann an cruth sam bith a tha iomchaidh do na h-Aonadan a tha air an taghadh agus don neach-ionnsachaidh. Faodaidh an fhianais seo a bhith air bunait pàipeir no clàraichte (labhairte, lèirsinneach no eileagtronaigeach). Bu chòir do fhianais a thaobh gnìomhachadh no toradh a bhith le taic bho liostaichean-sgrùdaidh measadair agus/no ceistean labhairte agus clàran measadair de fhreagairtean an luchd-ionnsachaidh. Faodaidh luchd-ionnsachaidh cuideachd fianais a sholarachadh tro chlàraidhean èisteachd, bhideothan-latha, blogaichean no dòigh eileagtronaigeach eile.

Tha na Riatanasan Fianais sònraichte do na h-Aonadan uile rin lorg anns na Sònrachaidhean Aonaid bhuntainneach.

Sgilean-ionnsachaidh, sgilean-beatha agus sgilean-obrach

Thathar a' sùileachadh gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean leathan coitcheann tron Duais seo. Tha na sgilean a thathar a' dùileachadh do luchd-ionnsachaidh a neartachadh agus a leasachadh tron Duais seo stèidhichte air *Frèam Sgilean: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean don Bheatha agus Sgilean don Obair* aig SQA, agus air an tarraing bho na prìomh raointean sgilean a tha air an liosta gu h-ìosal. Faodaidh iad sin a bhith air an togail a-steach don Duais far a bheil cothroman freagarrach.

3 Slàinte agus Sunnd

3.1 Ionnsachadh Pearsanta

4 So-fhastachd, iomairt agus saoranachd

4.4 Iomairt

4.6 Saoranachd

5 Sgilean Smaoineachaidh

5.1 Cuimhneachadh

5.2 Tuigsinn

5.3 Co-chur

5.4 Mion-sgrùdadh agus Luachadh

5.5 Cruthachadh

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu na sgilean sin ri fhaotainn ann am *Frèam Sgilean: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean don Bheatha agus Sgilean don Obair* aig SQA. Bu chòir ìre nan sgilean sin a bhith aig an aon ìre ri ìre SCQF den Duais agus a bhith cunbhalach le tuairisgeulaiche ìre SCQF. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu neartachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean don bheatha agus sgilean don obair, rin lorg ann an *Notaichean Taic Duais Eòlais na h-Alba (SCQF ìre 6)*.

Fiosrachadh rianachdail

Sàr-chlas: ri chur an cèill (dreach 1.0)

Eachdraidh atharrachaidhean air an t-Sònrachadh Duaise

Fiosrachadh mun duais	Tionndadh	Tuairisgeul air atharrachadh	Air a cheadachadh le	Ceann-latha

Faodar an sònrachadh seo amhlachadh gu h-iomlan no gu ìre air adhbharan foghlaim fhad is nach tig prothaid sam bith às an amhlachadh agus, ma thèid amhlachadh gu ìre, gun tèid an tùs aithneachadh. Faodar copaidhean a bharrachd den Aonad seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn ÙTA www.sqa.org.uk.

Thoiribh fa-near: Thathar a' moladh gun seall sibh air làrach-lìn ÙTA www.sqa.org.uk gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sibh a' cleachdadh an tionndaidh as ùire de Shoònrachadh an Aonaid.

© Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba 2014